



## COTHROM DO NEACH-EALAIN AIR MHUINNIREAS, CEANGLAN CHALUIM CHILLE, CEANN LOCH

### **Giorrachadh air Coimisean do Neach-ealain a' Fuireach ann an Èirinn**

Ceann-ùine airson Iarrtasan: 5f., 6 Lùnastal

Cis lomlan: £1,750

Faid a' Choimisein: 5 là

Faid na h-Ùine air Mhuinntireas: 3 là, b' fheàrr a' tòiseachadh an t-Sultain/anns an Dàmhair 2025.

Suidheachadh: Ceann Loch Chille Chiarain, Ceann-Tìr, Alba

### **CÙL-FHIOSRACHADH AGUS GIORRACHADH AIR A' CHOIMISEAN**

Tha seo na cothrom do dh'fhileantach Gaeilge na neach-ealain dreuchdail a tha ag obair ann am meadhanan-ealain sam bith ùine air mhuinntireas a stiùireadh stèidhichte aig Taigh-tasgaidh Cheann Loch Chille Chiarain, Ceann-Tìr. Thèid taic a chur ri seo le Oifigeir Cultair Ghàidhlig CHARTS ann an co-bhonn ri buill CHARTS agus luchd-obrach eile stèidhichte aig an taigh-tasgaidh. Chaidh seo a chur air chomas leis a' phrògram leasachaidh Ghàidhlig a tha ga ruith le [Culture Heritage and Arts Assembly, Argyll and Isles](#) (CHARTS), agus taic na buidhne bho 2020 ri luchd-cleachdaidh a' fuireach ann an Ceann a Deas Earra-Ghàidheal. Tha am pròiseact seo, air a bheil mar ainm Ceanglan Chaluum Chille, ga mhaoineachadh le Bòrd na Gàidhlig agus Foras na Gaeilge 25/26 le taic a bharrachd bho liveArgyll agus bho Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid. Faic Fiosrachadh Deatamach gu h-ìosal mu na h-uile a tha an sàs.

Tha Ceanglan Chaluum Chille stèidhichte air deachdadh is dìleab Chaluum Chille ann an Earra-Ghàidheal, agus thathar air an coimisean seo a dhealbhadh gus ceanglaichean cultarail eadar Alba is Èirinn a rannsachadh gu cruthachail. Agus e air a dhealbhadh bho thoraidhean Chaluum Chille, a chaidh a libhrigeadh roimhe le CHARTS, tha am pròiseact ag amas air barrachd leasachaidh eadar Earra-Ghàidheal is Èirinn tro chuspairean coitcheann a bhuineas ris an àrainneachd is ri atharrachadh na gnàth-shìde thairis air crìochan.

Tha an coimisean seo airson neach-ealain stèidhichte ann an Èirinn agus thathar air a leasachadh a dh'aon ghnòthach air an adhbhar seo.

Stèidhichte air comas nan ealain ùidh a tharraing, cur ri misneachd agus ionnsachadh a chur air adhart, cleachdaidh am pròiseact seo modhan air an tarraing bho shaothair an neach-ealain fhèin, (m.e. ealain lèirsinneach, film, obair-aodaich, òrain, faclan, ceòl, sgrìobhadh cruthachail, taisbeantas) gus ceangal a dhèanamh ri luchd-èisteachd. Bheir am pròiseact fàs air prògram leasachaidh Ghàidhlig CHARTS gu ruige seo, a' toirt leasachadh air cothrom air ceanglaichean cultarail le conaltradh san dà Ghàidhlig agus air ionnsachadh tro na h-ealainean.



## **Tha Ceanglan Chaluim Chille a' gabhail a-steach trì cothroman air mhuinntireas uile-gu-lèir, eadar 2025 is 2026, le dithis do luchd-ealain a tha stèidhichte ann an Alba, gus cothroman thachartasan bunaiteach a leasachadh le comas còmhraidh ann an Gàidhlig:**

Cuiridh an cothrom seo ann an Ceann Loch muinntireas fad 3 là air chomas; tha sinn a' lorg aon neach-ealain a tha stèidhichte ann an Èirinn a nochdas am beatha/an cuid obrach ùidh fhollaiseach no ceangal le brìgh ri Earra-Ghàidheal, gus tachartasan bhuidhnean-obrach san dà Ghàidhlig a stiùireadh a' cleachdadh cuspairean dualchais is ealain, a' ceangal ris buidhnean sa choimhearsnachd is ris an òigridh, le taic bhon Oifigear Chultair Ghàidhlig againn.

Thèid an neach-ealain soirbheachail a chumail air aoi gheachd aig Taigh-tasgaidh Cheann Loch fad ùine 3 là a' mhuinntireas agus thathar a' tairgse dhaibh 1 là airson ullachadh agus 1 là an dèidh làimhe mar chuid den choimisean, le 5 là uile-gu-lèir.

Bidh an neach-ealain stèidhichte aig Taigh-tasgaidh Cheann Loch, b' fheàrr a' tòiseachadh seachdain **an t-Sultain/anns an Dàmhair 2025**, ged a thèid beachd a ghabhail air cinn-là eile.

### **Farsaingeachd a' Choimisein:**

Tha seo na chothrom na dheuchainn is na thogail-inntinn a bhith ag obair ann an Ceann Loch san t-Sultain 2025, oir tha an coimisean a' cur air chomas do thagraichean dòigh a fhreagras orra fhèin a chur ri chèile san ùine air mhuinntireas agus ceanglaichean a stèidheachadh air an t-saothair aca fhèin agus air cuspairean a thaghas iad fhèin. Bhiodh CHARTS ag amas cuideachd air cur ri dìleab toraidhean na h-ùine air mhuinntireas agus cuireadh a thoirt dhan neach-ealain a dhol an sàs anns an lionra againn a' fàs de luchd-ealain a tha a' bruidhinn na Gàidhlig.

Tha farsaingeachd tairgse/susbaint na h-ùine air mhuinntireas gu tur fosgailte airson deasbad aig ìre an agallaimh. **Faic Mar a Nì Thu Iartas, gu h-ìseal.**

Thèid tachartasan a chumail aig Ceann Loch, na ionad airson ealain is dualchas ann an Ceann a Deas Earra-Ghàidheal, agus math dh'fhaodte aig Ceann mu Dheas am fianais na h-Èireann. Tha dùil ri cur-seachadan tron là is air an oidhche, agus thèid iad seo a chumail san dà Ghàidhlig agus a thionndadh gu Beurla.

Bidh feum san dreuchd seo air luchd-ealain comasach aig a bheil eòlas air ceangal ris a' phoball gus na h-amasan na lùib a thoirt gu buil, mar a leanas:

- Eòlas air an dà Ghàidhlig a thoirt do chom-pàirtichean.
- Seiseanan bhuidhnean-obrach/thachartasan a chur air dòigh le luchd-ealain taice ann an Ceann Loch agus ann an Cinn Tìre, tha dùil againn ri luchd-ealain is buill de lionra CHARTS. Faic Barrachd Fiosrachaidh shìos.





- Buidhnean-obrach/tachartasan a chur air dòigh do dhaoine aig gach aois. Thoir fa-near gum feum faid aon là (7 uairean a thìde) taic a thoirt a-steach airson com-pàirteachadh le daoine òga (aois na h-àrd-sgoile agus fo 30 bliadhna dh'aois).
- Thèid saothair an neach-ealain a nochdadh tro thaisbeanaidhean is tro thaisbeantas, a rèir mar as iomchaidh, agus tro bhuidhnean-obrach is sheiseanan stèidhichte air cuspairean ceangailte.
- Ceangal ri com-pàirtichean thar nan trì là a bhrosnachadh, bidh seo a' gabhail a-steach luchd-ionnsachaidh is fileantaich Ghàidhlig is Ghaeilge an dà chuid bho luchd-ealain is bhon choimhearsnachd ionadail.
- Seiseanan a cheangal ris an àrainneachd/ri atharrachadh na gnàth-shìde le ceanglaichean ri Calum Cille agus dìleab na h-àrainneachd ionadail.

Gabhaidh am pròiseact a-steach ullachadh agus libhrigeadh air an Lìon tro Zoom, a' cur ri ceanglaichean is lionraidhean a th' ann an-dràsta.

Gabhaidh an obair dhigiteach a-steach:

- A' cur a-steach iomhaighean is teacsa gus taisbeanadh den phròiseact a chur ri chèile air an Lìon. Leasaichidh Manaidsear Conaltraidh is Margaideachd CHARTS an taisbeanadh le bhith ag obair leis an neach-ealain.
- Thèid taisbeanaidhean digiteach iarraidh cuideachd, anns am bi luchd-ealain, luchd-taighe agus com-pàirtichean an sàs aig ìre dheireannach a' choimisein.
- Gabhaidh am pròiseact a-steach cuideachadh le Oifigear Gàidhlig CHARTS, air a mhaoineachadh le Bòrd na Gàidhlig cuideachd, buill Ghàidhlig (luchd tuathanachais-ghàrraidh/luchd-ealain/daoine a' fuireach ann an Cinn Tìre nam measg), agus luchd-dìleib is luchd-taice digiteach.

## Cìs

Is e a' chìs is motha a tha ri faotainn gach là £350 san là aig 7 uairean a thìde. (3-5 bliadhna de dh'èòlas air ceangal ris a' phoball).

Cìs iomlan - 5 là - £1,750

## Cosgaisean

Thèid am fios mionaideach mu chlàr a' choimisein a chur ri chèile leis an tagraiche shoirbheachail gus amasan a' phròiseict a thoirt gu buil. Thèid cosgaisean-siubhail is cosgaisean-fuirich a thoirt seachad a rèir mar as iomchaidh, bhon àite sa bheilear a' fuireach ann an Èirinn an-dràsta gu Ceann Loch Chille Chiarain agus air ais.

## Stuthan

Thèid stuthan airson ceangal ris a' phoball a thoirt seachad a rèir mar as iomchaidh. Feumar stuthan sam bith a tha ceangailte ri riochd/meadhan is dòighean an neach-ealain fhèin a chomharrachadh san dealbh air dòigh-dèiligidh ann an litir an iarrtais ri dheasbad, mas e 's gum faighear cuireadh gu ìre agallaimh.



## MAR A NÌ THU IARRTAS

Gus cur a-steach airson na dreuchd seo, cuir air adhart iarrtas fon ainm Ireland – Ceanglan Chalum Chille ro 5f., 6 Lùnastal air a’ char as fhaide gu [info@chartsargyllandisles.org](mailto:info@chartsargyllandisles.org)

Faic Fiosrachadh do Thagraichean gu h-ìseal a chuideachadh ris an iarrtas agad. Thoir fa-near gu bheil sinn a’ cur fàilte air dòigh fharsaing is chruthachail, a ghabhas deasbad barrachd ri linn ire an agallamh cho math ri taic luchd-obrach a tha ri faotainn.

### Clàr-sgrùdaidh

Na dh’fheumar a bhith air iarrtasan:

1. CV
2. Litir a’ mìneachadh carson a tha ùidh agad san dreuchd seo agus a’ nochdadh mar a ghabhadh tu gnothach ris a’ chothrom seo air mhuinntireas. Feuch an toir thu fios/ceanglaichean mun eòlas bhuntainneach agad anns an litir, agus dèan cinnteach cuideachd gun toir thu fiosrachadh mu stuth bhuidhnean-obrach sam bith a bhios a dhìth a chuideachadh ri ceangal ris a’ phoball.
3. Dearcnachadh Co-ionannachd: Lìon a-steach an fhoirm againn mu dhearnachadh co-ionannachd [an seo](#).

Thoir fa-near:

- Cha ghabhar ri iarrtasan gun foirm dearnachadh Co-ionannachd air a lìonadh.
- Cha tèid beachd a ghabhail air iarrtasan an dèidh a’ chinn-ùine dheireannaich.
- Thèid agallamhan a chumail air-loidhne air an t-seachdain a’ tòiseachadh 18 Lùnastal.
- Thèid an t-agallamh seo a chumail sa Bheurla le beagan còmhraidh sa Ghàidhlig.
- Thèid liosta ghoirid de thagraichean a chruthachadh leis a’ phanail, agus thèid cuireadh sam bith gu agallamh a dhaingneachadh ro 11 Lùnastal.

## FIOSRACHADH DO THAGRAICHEAN

### Prìomh Dhleastanasan – Giorrachadh

Ri stiùireadh is leasachadh ri libhrigeadh:

- Planaichean bhuidhnean-obrach a’ ceangal ris a’ phoball.
- Dealbh den mhuinntireas – ann an co-bhonn ri Ceann Loch agus CHARTS.
- Eadar-mhìneachadh co-obrachail a chuideachadh is a stiùireadh le taic bho CHARTS.
- Luachadh na h-ùine air mhuinntireas a leasachadh còmhla ri co-obraichean.

### Dàimhean

- Dàimhean-obrach èifeachdach a thogail is àrach.
- Uidheam-obrach air astar a chleachdadh gus co-obrachadh airson stèidheachadh agus obair an dèidh làimhe.





- Dòigh-dèiligidh fhor-ghniomhach gus an ùine air mhuinntireas a leasachadh is a libhrigeadh.
- Obrachadh a rèir Cothrom na Fèinne agus le ionracas agus dòigh-obrach atharrachadh a rèir diofar dhaoine, chleachdaidhean is shuidheachaidhean.

## Eòlas is Sgilean a Dhith

### 1. Uidheamachadh agus Eòlas

- Uidheamachadh ceuma no iar-cheuma ann an ealain/dileab agus/NO eòlas buntainneach
- Eòlas air ceangal ris a' phoball a nochdadh.

### 2. Eòlas Cànan is Cultair

- Comas còmhraidh ann an Gàidhlig na h-Èireann, faodar taic a bharrachd ri cànan a thoirt far an iomchaidh.
- Tuigse air brìgh chultarail na Gàidhlig ann an Earra-Ghàidheal.
- Tuigse air dileab Chaluim Chille.
- Tuigse tro rannsachadh agus/no eòlas gnìomhach air pròiseactan Gàidhlig ann an Earra-Ghàidheal.

### 3. Conaltradh, Digiteachd is Aithisgean

- Sgilean eagrachail/rianachd agus luachaidh.
- Eòlach air cleachdadh farsaingeachd de dh'uidheam is de shiostaman digiteach, agus goireasan gus coinneachadh air an Lìon.

### 2. Beusachd-obrach agus Feartan Pearsanta

- Sealladh for-ghniomhach mu leasachadh cultarail.
- Gad bhrosnachadh fhèin, cogaiseach, beachdan deimhinneach le misneachd asad fhèin.
- Comas cinn-ùine a shocrachadh agus obrachadh gan rèir le smachd.

### 3. Co-obrachadh is Co-obrachadh

- Comas/deòin co-obrachadh a chum leas na h-ùine air mhuinntireas agus an luchd-ùidhe na lùib.
- Comas eòlas mun phròiseact a nochdadh.
- Sgilean làidir eadar-phearsanta.
- Sgilean làidir conaltraidh, sgilean-labhairt làidir san àireamh.

### 4. Eòlas Roinneil is Eagrachail

- Eòlas air Earra-Ghàidheal is Bòd, agus sgìre Chinn Tìre.
- Tha eòlas air dòigh-obrachaidh lionra CHARTS gus taic a chur ri cultar ann an Earra-Ghàidheal ion-mhiannaichte.

### 7. Feumalachdan Laghail





- Fo reachdas ùr, tha dearbhadh PVG deatamach airson a' choimisein seo. Nuair nach eil teisteanas PVG aig tagraichean, cuidichidh CHARTS le leasachadh iarrtasan agus pàighidh iad na cosgaisean iomchaidh.

### Mar a Bhios Tu ag Obair

Tha mar a nì daoine an cuid obrach bho là gu là cudromach dhuinn cuideachd. Feumaidh tagraichean soirbheachail na sgilean a leanas a nochdadh aig ìre iomchaidh:

- Ag obair gu math an dà chuid air do cheann fhèin agus air sgioba.
- A' conaltradh le buaidh.
- A' gabhail spèis do chom-pàirteachadh agus ag obair le ionracas.
- Ag amas air toraidhean.
- A' nochdadh mac-meanmna is cruthachalachd.

Tha feum san dreuchd seo air neach a tha dealasach is dìcheallach mu chànan is mu dhualchas na Gàidhlig tron t-saothair aca, a bhios a' dealbhadh obair gu h-èifeachdach agus a chleachdas mothachadh, tionnsgalachd agus sgilean fuasglaidh dhuilgheadasan gus toraidhean soirbheachail a thoirt gu buil.

### FIOSRACHADH DEATAMACH A BHARRACHD

Gus leasachadh iarrtasan a chuideachadh, faic:

#### [About Campbeltown – potential to engage](#)

Tha Taigh-tasgaidh Cheann Loch Chille Chiarain a' comharrachadh eachdraidh shòisealta Cheann Loch tro raon farsaing mhìrean iasgaich is seòlaidh agus ag aithris seachas Chinn Tìre san fharsaingeachd tron chruinneachadh ann de dh'àrc-eòlas, de dh'ealain agus de na saidheansan nàdarra. Am measg na tha air taisbeanadh an-dràsta tha seud-muineil finic bho Linn na h-Umha, dealbhan le Uilleam Mac an t-Sagairt, agus faileas bho thaigh-solais Mhaol Chinn Tìre. San taisbeanadh cuideachd tha rudan air iasad fialaidh; aig gach ìre tha Càirdean an Taigh-tasgaidh a' cur taic ris an taigh-tasgaidh. Fhuair Taigh-tasgaidh Cheann Loch taic fad iomadh bliadhna bho Chomann Àrsaidheachd Chinn Tìre, agus chuir na buill gu mòr ris na cruinneachaidhean. Tha Taigh-tasgaidh Cheann Loch a' tairgse chan e dìreach àite is raon gus cruthachadh ach cuideachd ceangal domhainn ris an sgìre is na seachasan na lùib.

Tha Cinn Tìre air a chruthachadh le dòighean àrsaidh Gàidhlig agus tha e saidhbir a thaobh èic-eòlais is cultair. An seo, tha Gàidhlig air a freumhachadh ann an ainmean-àite, aithris-bheòil, agus eòlas air obair an fhearainn is na mara. Thèid an Neach-ealain air mhuintireas a chuideachadh gus ceangal ris an dualchas bheò seo, ag obair le luchd-ealain, luchd-ciùil, luchd-eachdraidh, is luchd-sgrìobhaidh ionadail agus bheir Oifigear Cultair Ghàidhlig CHARTS treòrachadh is eòlas air beachdan is cleachdaidhean ionadail.

### [Poileasaidh Gàidhlig CHARTS](#)

### Ceanglaichean CHARTS ri Cinn Tìre gu ruige seo:





CULTURE, HERITAGE & ARTS  
ASSEMBLY.  
ARGYLL & ISLES

1. <https://www.chartsargyllandisles.org/projects-and-showcases/r%C3%A0mh-Mull-development-project/>
2. <https://www.chartsargyllandisles.org/projects-and-showcases/r%C3%A0mh-Mull-development-project/coastal-cultures-Mull-residencies/fe%C3%A0rna-alice-stillman-and-rhona-dougall/> faic cuideachd [Feàrna Project Website](#)
3. [Reflect film](#) a' nochdadh sgìre Chinn Tìre ma Dheas.

**Leasachadh Gàidhlig CHARTS gu ruige seo:**

<https://www.chartsargyllandisles.org/projects-and-showcases/charts-gaelic-development/>

**Mu dheidhinn:** <https://www.chartsargyllandisles.org>

**Facebook CHARTS:** <https://www.facebook.com/CHARTSArgyllandIsles/>

Airson barrachd fiosrachaidh, nach cuir thu fios gun dàil gu [info@chartsargyllandisles.org](mailto:info@chartsargyllandisles.org)

